



Poileasaidh airson Dìon Dàta
Data Protection Policy

Air aontachadh le/Approved by:

Air aontachadh air/Approved on:

Lèirmheas a dhìth/Review due on:

Eadar-theangachadh dearbhte le:

Clàr-innse:		Contents:	
1	Farsaingeachd	Scope	3
2	Fios mu reachdas is prionnsapalan airson Dion Dàta	Introduction to Data Protection Legislation and Principles	3
3	A' Làomhseachadh Dàta Dàta Pearsanta Dàta Pearsanta do sheòrsa Sònraichte	Processing Data Personal Data Dàta Pearsanta do sheòrsa Sònraichte	5 5 6
4	Dàta Pearsanta air a làimhseachadh le Bòrd na Gàidhlig Faidhlichean Luchd-obrach Slàinte is Sàbhailteachd Fiosrachadh a Bhuineas ri Seirbheisean Bhòrd na Gàidhlig Dàta Rannsachaidh Fiosrachadh Conaltraidh A' Toirt Theisteanasan seachad às leth Bhòrd na Gàidhlig	Personal Data Processed by Bòrd na Gàidhlig Employee Files Health and Safety Information Relating to Bòrd na Gàidhlig's Services Research Data Contact Information Providing References on Behalf of Bòrd na Gàidhlig	7 8 8 8 9 9 9
5	Cunntalachd Laghalachd, Cothromachd agus Follaiseachd Cuingealachadh Adhbharan A' Lùghdachadh Dàta Pongalachd Treibhdhireas agus Diomhaireachd Cuingeachadh Stòraidh Ag Atharrachadh Shìostaman Trèanadh	Accountability Lawfulness, Fairness and Transparency Purpose Limitation Data Minimisation Accuracy Integrity and Confidentiality Storage Limitation System Development Training	10 11 11 12 12 12 15 15 15
6	A' Co-Roinn Dàta A' Co-Roinn Dàta sa Chumantas A' Co-Roinn Fiosrachadh le Luchd-sgrùdaidh is Riaghladairean	Data Sharing Routine Data Sharing Sharing Information with Auditors and Regulators	16 16 16
7	Iarrtasan son Fiosrachadh	Requests for Information	17
8	Còraichean an Neach ris am buin an Dàta Iarrtasan bho Dhaoine airson am Fiosrachadh Fhèin	Rights of the Data Subject Subject Access Requests	18 18
9	Margaidheachd	Marketing	19
10	Clàradh	Registration	20
11	Chumhachan data pearsanta a thèid a bhristeadh	Personal Data Breaches	20
12	Sgrìobhainnean Buntainneach	Relevant Documents	21
13	Smachd Sgrìobhainn	Document Control	22

1 Farsaingeachd

Tha am poileasaidh seo a' buntainn ri neach sam bith a bhios a' dèiligeadh ri fiosrachadh pearsanta às leth Bhòrd na Gàidhlig (BnG), agus dh' fhaodadh e a bhith buntainn ris na daoine a leanas (agus ri daoine eile cuideachd): a h-uile neach-obrach, cunnaidearan, agus daoine eile a nì obair às leth BhnG. Tha e cuideachd a' buntainn ri modhan sam bith a chleachdar gus data pearsanta a làimhseachadh.

Am measg nan eisimpleirean a dh' fhaodadh a bhith ann tha:

- Clàran pàipeir a tha air an stòradh ann an siostaman-faidhlidh freagarrach (mar a tha air a mhìneachadh fon Achd);
- Data air a chumail ann an cruth eileagtronaigeach ann an stòr-dàta, faidhlichean, no ann an siostam eileagtronaigeach eile a' gabhail a-steach siostaman "cloud". Tha seo a' gabhail a-steach chlàraidhean fuaime is lèirsinne agus siostam sam bith a thèid a chleachdadh airson an stòradh;
- Dàta eileagtronaigeach air a chumail ann am meadhan sam bith eile, mar eisimpleir, air dràibhean-pinn, diosgaichean sùbailte agus CD ROM, agus
- Data no clàran air an cumail ann an tasglann eileagtronaigeach no tasglann pàipeir de sheòrsa sam bith.

Fios mu reachdas agus prionnsapalan airson Dìon Dàta

Tha diofar sheòrsaichean reachdais ann a bhinneas ris mar a thèid dèiligeadh ri fiosrachadh pearsanta. 'S iad sin an Riaghailt Choitcheann airson Dìon Dàta

Scope

This policy applies to anyone who is processing personal information on behalf of Bòrd na Gàidhlig, which may include but is not limited to, all employees, contractors, and any other third party performing a function on behalf of Bòrd na Gàidhlig. It also applies to any methods of processing personal data.

Examples may include:

- manually stored paper records that are in a relevant filing system (as defined by Data Protection Law);
- electronically held data in databases, files, or any other electronic system including cloud-based systems. This includes audio and visual recordings and any associated system used for storage;
- electronic data held on any other media, for example, pen drives, floppy discs and CD ROMs; and
- data or records held in any type of electronic or hard copy archive.

Introduction to Data Protection Legislation

There are a number of different legislation that apply when processing personal information. These are the UK General Data Protection Regulation (UK GDPR), the Data

(UK GDPR), An Achd Dion Dàta 2018 (DPA 2018), Na Riaghailtean airson Priobhaideachd is Conaltradh Eileagtronaigeach 2003 (PECR) agus reachdas buntainneach eile. Sa phoileasaidh seo, canar Laghan Dion Dàta riutha sin, agus tha iad a' riaghladh mar a thèid dèiligeadh ri "data pearsanta".

Protection Act 2018 (DPA 2018), the Privacy and Electronic Communications Regulations 2003 (PECR) and other associated legislation. These are collectively referred to in this policy as Data Protection Law, which govern the processing of personal data.

Tha data pearsanta rud sam bith a bhuineas ri neach a tha beò agus a ghabhas aithneachadh, gu dìreach no gu neo-dhìreach, bhon fhiosrachadh. Sa phoileasaidh seo, bu choir gabhail ris gu bheil na h-abairtean dàta pearsanta is fiosrachadh pearsanta a' ciallachadh dàta pearsanta mar a tha e air a mhìneachadh fo Laghan Dion Dàta.

Personal data is any information that relates to an identifiable living individual who can be identified directly or indirectly from the information. Within this policy, both the terms personal data and personal information should be taken to mean personal data as defined by Data Protection Law.

Feumar gach pìos dàta pearsanta a làimhseachadh a rèir nan 6 prionnsabalan san UK GDPR mura h-eil am fiosrachadh a' tighinn fo shaoradh. 'S iad na prionnsabalan:

All personal data must be processed in accordance with the 7 principles of the UK GDPR, unless the information is subject to an exemption. The principles are:

- | | |
|------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| <ol style="list-style-type: none"> 1. Feumar dèiligeadh ri dàta pearsanta ann an dòigh chothromach, laghail agus shoilleir; 2. Thèid dàta pearsanta a chruinneachadh airson adhbharan ainmichte, follaiseach agus dligheach (adhbharan cuibhrichte); 3. Bidh an dàta pearsanta freagarrach, buntainneach agus bidh dìreach gu leòr ann airson an adhbhair/nan adhbharan a thathar ga làimhseachadh (an uiread as lùgha dàta a tha dhìth); 4. Bidh an dàta pearsanta neo-mhearachdach, agus nuair a dh'fheumar, air ùrachadh (pongalachd); 5. Cha tèid dàta pearsanta a chumail ann an riochd far an urrainnear an neach ris am buin an dàta aithneachadh nas fhaide na an ùine a tha dhìth airson an adhbhar/nan adhbharan sin (modhan-stòraidh cuibhrichte); | <ol style="list-style-type: none"> 1. Personal data must be processed fairly, lawfully and in a transparent manner; 2. Personal data shall be collected for specified, explicit and legitimate purposes (purpose limitation); 3. Personal data shall be adequate, relevant and limited to what is necessary in relation to the purposes for which they are processed (data minimisation); 4. Personal data shall be accurate and, where necessary, kept up to date (accuracy); 5. Personal data shall be kept in a form which permits identification of data subjects for no longer than is necessary for that purpose(s) (storage limitation); |
|------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|

6. Thèid dèiligeadh ri dàta pearsanta ann an dòigh san dèanar cinnteach gun tèid an dàta sin a chumail tèarainte san dòigh a bu choir, a' gabhail a-steach dìon bho bhith air a chleachdadh ann an dòigh neo-cheadaichte no mì-laghail agus bho chall tuiteamach, sgrios no milleadh, agus nithear sin le bhith a' cur mhodhan-obrach teicnigeach no meadhanan a th' aig a' bhuidhinn a tha freagarrach an sàs (tèarainteachd is dìomhaireachd).
 7. Cunntachalachd, the seo a' ciallachadh gum bi an rianadair dàta a' gabhail uallach airson, agus gun urrainn dhaibh dearbhadh gu bheil iad a' cumail ris, na prionnsabalan gu h-àrd. Gheibhar barrachd fiosrachadh mu dheidhinn ciamar a bhios Bòrd na Gàidhlig a' dèiligeadh ri na prionnsapailan seo ann an earrain 5.0.
6. Personal data shall be processed in a manner that ensures appropriate security of the personal data, including protection against unauthorised or unlawful processing and against accidental loss, destruction or damage, using appropriate technical or organisational measures (integrity and confidentiality);
 7. Accountability, which means the controller shall be responsible for, and be able to demonstrate compliance with, the principles above. Further information about how Bòrd na Gàidhlig complies with the principles can be found at Section 5.0.

3 A' Làimhseachadh Dàta

Tha na faclan làimhseachadh no dèiligeadh, air am mìneachadh fon UK GDPR, a' gabhail a-steach a' faighinn, a' clàradh no a' cumail dàta pearsanta no ag obrachadh no a' dèanamh gnìomhan leis an dàta. Am measg nan gnìomhan sònraichte a dh' fhaodar a dhèanamh le dàta tha: ga chruinneachadh, ga chur an òrdugh, ga stòradh, ga ath-dheasachadh no ga atharrachadh, ga fhaighinn air ais, a' faighinn beachd no fios bhuaithe, ga chleachdadh, ga fhoillseachadh le bhith ga sgaoileadh, ga sgaoileadh no a' toirt cothrom do dhaoine air ann an dòigh eile, ga chur còmhla ri fiosrachadh eile, a' cur casg air, ga sguabadh às no a' cur às dha. Chan eil e gu diofar ged a bhiodh na gnìomhan seo air an dèanamh le duine no le inneal.

Dàta Pearsanta

Nuair a thathar a' làimhseachadh data pearsanta, feumar cumail ri riatanasan àraid gus cumail ris an lagh, mura h-eil

Processing Data

The term processing is defined by the UK GDPR and used to cover obtaining, recording or holding personal data or carrying out any operation or set of operations on the data. More specific activities may be collection, organisation, storage, adaptation or alteration, retrieval, consultation, use, disclosure by transmission, dissemination or otherwise making available, alignment or combination, blocking, erasure or destruction. It is usually irrelevant whether these actions are manual or automated.

Personal Data

When processing personal data, there are certain conditions that must be satisfied for the processing to be lawful unless the

saoradh ann airson mar a thèid an dàta a làimhseachadh. Gheibhear iomradh orra sin ann an Artaigil 6 den UK GDPR agus feumar co-dhiù aon riatanas a choileanadh:

- Tha an neach ris am buin an dàta air cead a thoirt seachad gus an dàta a làimhseachadh
- Feumar an dàta a làimhseachadh gus cùmhnant a choileanadh sa bheil an neach ris am buin an dàta an sàs (no gus ceumannan a ghabhail gus cùmhnant aontachadh);
- Feumar an dàta a làimhseachadh gus cumail ri dleastanas laghail sam bith a dh' fheumas an rianadair dàta a choileanadh, taobh a-muigh nan dleastanasan a thigeadh orra ri linn cùmhnant;
- Feumar an dàta a làimhseachadh gus dìon a dhèanamh air math cudromach an neach ris am buin an dàta;
- Feumar an dàta a làimhseachadh gus obair no gnìomh a dhèanamh a chum leas a' phobail no gus dleastanas oifigeil a th' air an rianadair a choileanadh;
- Feumar an dàta a làimhseachadh air adhbharan laghail a bhuineas ris an rianadair dàta no treas pàrtaidh.

processing is subject to an exemption. These can be found at Article 6 of the UK GDPR and at least one condition must be satisfied:

- the data subject has given their consent to process the data;
- processing is necessary for the performance of a contract to which the data subject is a party (or to take steps to enter into a contract);
- the processing is necessary for compliance with any legal obligation to which the data controller is subject, other than an obligation imposed by contract;
- the processing is necessary in order to protect the vital interests of the data subject;
- the processing is necessary for the performance of a task carried out in the public interest or in the exercise of official authority vested in the controller;
- the processing is necessary for the purposes of legitimate interests pursued by the controller or third party.

Dàta Pearsanta do sheòrsa Sònraichte

Tha cuid a dhàta pearsanta a tha air a chomharrachadh fon UK GDPR mar dhàta pearsanta de sheòrsa sònraichte. Nuair a thathar gu bhith làimhseachadh dàta pearsanta diomhair, bu choir do neach sam bith a tha làimhseachadh dàta pearsanta dèanamh cinnteach gun tèid a làimhseachadh ann an dòigh a choileanas na cumhachan ann an Artaigil 9 no

Special Category Personal Data

There is certain personal data which is defined by the UK GDPR as special categories of personal data. Where this type of sensitive personal data is to be processed, anyone who is processing personal data should ensure that the processing satisfies the necessary conditions at Article 9 and Schedule 1 of the DPA 2018.

dèanamh cinnteach co-dhiù a tha no nach eil an dàta a' tighinn fo shaoradh ainmichte ann am Pàipear-taice 1 den DPA 2018.

Tha seo a' gabhail a-steach dàta pearsanta a bhuineas ri:

- freumhan cinneadail no cinneachail
- beachdan poiliteagach;
- beachdan a thaobh creideimh;
- ballrachd ann an aonadh ciùird;
- euslaint chorporra no inntinne;
- beatha ghnèitheasach.

This includes personal data relating to:

- racial or ethnic origin;
- political opinions;
- religious beliefs;
- trade union membership;
- physical or mental health condition;
- sexual life.

Tha an UK GDPR cuideachd a stèidheachadh chumhachan sònraichte (Artaigil 10) airson: fiosrachadh mu eucoir; agus cùisean lagha airson eucoir sam bith a rinneadh no eucoir sam bith a thathar a' cumail a-mach a rinneadh.

The UK GDPR also makes special provisions for (Article 10): information about offences; and proceedings for any offences committed or alleged to have been committed.

4 **Dàta Pearsanta air a Làimhseachadh le Bòrd na Gàidhlig**

Personal Data Processed by Bòrd na Gàidhlig

Bidh an rianadair dàta, sin Bòrd na Gàidhlig, a' cò-dhùnadh dè na dòighean sam bithear a' làimhseachadh dàta pearsanta agus dè na h-adhbharan air a bheil, no air am bithear, ga chur gu feum.

The controller, in this case Bòrd na Gàidhlig, determines the purposes for which and the manner in which any personal data are, or are to be, processed.

'S e a th' ann an neach-làimhseachaidh dàta, neach sam bith, ach a-mhàin neach-obrach air am fastadh aig an rianadair dàta, a bhios a' cur dàta gu feum às leth an rianadair dàta.

A processor is any person, other than an employee of a controller, who processes the data on behalf of the controller.

Chithear fiosrachadh gu h-ìosal air an dàta phearsanta a bhios air a chumail agus air a làimhseachadh le Bòrd na Gàidhlig, agus mìneachadh air na prìomh adhbharan airson a bhith ga chur gu feum.

The personal data held and processed by Bòrd na Gàidhlig, and primary purposes for which it is processed are detailed below.

Chithear mìneachadh air an ùine a bhios Bòrd na Gàidhlig, a' cumail dàta pearsanta sna clàran-ama glèidhidh agus sna clàran-ama airson cur às dha.

The period for which personal data is held by Bòrd na Gàidhlig is documented in the retention and destruction schedules.

Gheibhear am bun-stèidh laghail airson a bhith a' làimhseachadh fiosrachadh pearsanta san fhiosrachadh mu phrìobhaideachd (a gheibhear air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig) ach a-mhàin am bun-stèidh airson a bhith a' làimhseachadh dàta pearsanta mu dheidhinn luchd-obrach a tha air a mhìneachadh sa chlàr-am ghleidhidh.

The lawful basis being used to process personal information is provided in the privacy notice information (which is available from the Bòrd na Gàidhlig website)..

Faidhlichean Luchd-obrach

Employee Files

Tha faidhlichean sgiobachd gan cumail airson luchd-obrach le fiosrachadh mu na cùisean a leanas:

HR files are held on staff and contain information relating to the following:

- Fiosrachadh pearsanta le fios air rudan mar an luchd-dàimh as fhaisge
 - Fiosrachadh cùmhnaint
 - Lethbhric de sgrìobhainnean a chaidh a chleachdadh gus dearbhadh gum faod luchd-obrach obair san RA
 - Fiosrachadh pàighidh leithid na h-àireamh airson àrachais nàiseanta
 - Fiosrachadh a bhuineas ri sgrùdaidhean a rinneadh mus deach an neach-obrach fhastadh
 - Fiosrachadh a bhuineas ri rannsachaidhean smachdachaidh
 - Clàran trèanaidh
 - Clàran meidigeach
 - Clàran sam bith eile air a bheil feum gu dligheach gus dèiligeadh ri cosnadh neach-obrach fhad 's a tha iad ag obair aig BnG.
- Personal details including next of kin
 - Contract information
 - Copies of documentation used for verifying eligibility to work in the UK
 - Pay information including national insurance number
 - Information relating to any pre-employment checks
 - Information relating to disciplinary investigations
 - Training records
 - Medical records
 - Any other records that are legitimately required to manage a member of staff's employment with Bòrd na Gàidhlig.

Bithear cuideachd a' cumail chlàran a bhuineas ri modhan-trusaidh a' gabhail a-steach cliath-dhuilleagan le sgòraichean agus notaichean bho agallamhan airson luchd-obrach agus tagraichean nach d' fhuair obair. Dìreach mar a tha fìor mu

Records are also held that relate to the recruitment process including scoring spreadsheets and interview notes for both staff and unsuccessful candidates. In the same way as any other information, this would usually be made available under a

fhiosrachadh eile, gu h-àbhaisteach bheirear am fiosrachadh seo seachad ma gheibhear iarrtas bho Neach airson am Fiosrachadh Fhèin (SAR) mura h-eile saoradh ann, faicibh Earrainn 9.0.

Subject Access Request (SAR) unless it is subject to an exemption, see Section 8.0.

Slàinte is Sàbhailteachd

Thèid fiosrachadh co-cheangailte ri tubaistean a chàradh mar a dh' fheumar fo laghan slàinte is sàbhailteachd. Thèid am fiosrachadh sin a chlàradh san leabhar thubaistean a rèir nan laghan iomchaidh, agus feumar sin a dhèanamh a rèir na thathar a' moladh fo na Laghan Dìon Dàta.

Health and Safety

Information relating to accidents is recorded as required by health and safety law. This information is recorded in the accident book in accordance with relevant legislation, which must also be compliant with Data Protection Law.

Fiosrachadh a Bhuineas ri Seirbheisean Bhòrd na Gàidhlig

Cumaidh Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta a bhuineas ri daoine no buidheann a chuireas iarrtas a-steach airson aon de na sgeamaichean maoineachaidh a tha Bòrd na Gàidhlig a' ruith an-dràsta. Cha chruinnichear ach am fiosrachadh pearsanta a tha dhìth airson an iarrtais, agus thèid a chumail a rèir nan clàran-ama iomchaidh airson gleidheadh is cur às do dh' fhiosrachadh.

Information Relating to Bòrd na Gàidhlig's Services

Bòrd na Gàidhlig will hold personal information relating to those that make an application to one of the current funding schemes being administered by Bòrd na Gàidhlig. Only personal information required to process the application is collected, and is retained in accordance with the relevant retention and destruction schedule.

Dàta Rannsachaidh

Tha prògram rannsachaidh farsaing aig Bòrd na Gàidhlig far am bithear a' làimhseachadh fiosrachadh pearsanta. Bidh cuid den fhiosrachadh sin a' tighinn fo shaoradh mar a tha e air a mhìneachadh san DPA 2018. Cha tèid toraidhean rannsachaidh fhoillseachadh ach ann an cruth far nach eil daoine air an ainmeachadh, ach a-mhàin nuair a tha cead dearbhte aig Bòrd na Gàidhlig bho na daoine ris am buin am fiosrachadh a tha gu bhith air fhoillseachadh. Dh' fhaodadh gum faigh buidheann eile cothrom air dàta rannsachaidh aig a bheil adhbharan dligheach an dàta pearsanta a chleachdadh, agus sin a rèir aonta co-roinn fiosrachaidh (faicibh Earrainn 6.0).

Research Data

Bòrd na Gàidhlig has a comprehensive research programme that involves processing personal information. Some of this information will be subject to an exemption as detailed in the DPA 2018. Any results of research will only be published in an anonymised form, unless Bòrd na Gàidhlig has the explicit consent of those whose information is being published. Research data may be made available to other organisations that have a legitimate purpose and use of the personal information, subject to an information sharing agreement (see Section 6.0). It should be noted that Bòrd na Gàidhlig may not always be the controller of the original research data collected.

Bu choir cuimhneachadh, nach bi Bòrd na Gàidhlig daonnan na rianadair airson an dàta rannsachaidh a chaidh a chruinneachadh sa chiad dol a-mach

Fiosrachadh Conaltraidh

Bidh Bòrd na Gàidhlig, airson tòrr den obair sanasachd is mhargaidheachd a nì e, a' cleachdadh liostaichean-conaltraidh airson adhbharan margaidheachd. Mar is trice, feumar cead dearbhte fhaighinn bho dhaoine mus tèid an seòlaidhean puist-d a chleachdadh airson nan adhbharan seo, mura h-eile an neach na "neach clàraichte corporra". Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh ann an Earrainn 12.0 agus san Stiùireadh airson Rian a Chumail air Liostaichean-conaltraidh.

A' Toirt Theisteanas seachad às leth Bhòrd na Gàidhlig

Ma gheibh neach-obrach sam bith iarrrtas ag iarraidh teisteanas airson neach a tha, no a bha, nan neach-obrach aig Bòrd na Gàidhlig, bu choir dhaibh an t-iarrrtas a chur chun an Ceann an Iomhais is Cùisean Corporra. Ma roghnaicheas an neach-obrach teisteanas pearsanta a thoirt seachad, chan fhaod iad air dhòigh sam bith a ràdh gun deach an teisteanas a thoirt seachad le Bòrd na Gàidhlig, ach feumar a dhèanamh soilleir gur iadsan gu pearsanta a tha toirt teisteanas seachad.

5 Cunntalachd

Tha Bòrd na Gàidhlig air Oifigear Dìon Dàta (DPO) fhadstadh a bheir seachad comhairle agus a chumas sùil air a' bhuidheann agus an luchd-obrach a thaobh mar a tha iad a' cumail ri Lagh Dìon Dàta agus ris a' phoileasaidh seo. Bheir an DPO fios don Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd, agus cuideachd a Bhòrd mar as àbhaist gach bliadhna agus àrdaichidh e/i cunnartan agus ceistean a thaobh prìobhaideachd leis an Àrd-oifigear Cunnart Fiosrachaidh (SIRO) mar a bhios iomchaidh.

Contact Information

Much of the promotional work undertaken by Bòrd na Gàidhlig uses contacts lists for marketing purposes. Explicit consent must usually be obtained in order to use e-mail addresses for this purpose, unless the person is a "corporate subscriber". Further information is available at Section 12.0 and in the Guidance on Managing Contacts Lists.

Providing References on Behalf of Bòrd na Gàidhlig

Any member of staff receiving a request for a reference for a person who has been, or is currently, employed by Bòrd na Gàidhlig, should forward the request to the Head of Finance and Corporate Affairs. Where an employee chooses to provide a reference in a personal capacity, on no account may they imply the reference has been provided by Bòrd na Gàidhlig, and it must be made clear that the reference has been provided in a personal capacity.

Accountability

Bòrd na Gàidhlig has appointed a Data Protection Officer (DPO) who will advise and monitor the organisation and its staff on its compliance with Data Protection Law and this policy. The DPO will report to Audit and Assurance Committee, and usually the Board on an annual basis and will escalate privacy risks and issues with the Senior Information Risk Officer (SIRO) as necessary.

Bidh raon de dhòighean cunntachalachd agus sgrùdaidh aig Bòrd na Gàidhlig mar a leanas:

- Cumaidh Bòrd na Gàidhlig Clàr de Ghnìomhan Pròiseasaidh (ROPA) a rèir Alt 30 de GDPR na RA, a' clàradh gach adhbhar aig Bòrd na Gàidhlig airson a bhith a' cleachdadh dàta pearsanta, a' bhunait laghail fo Artaigil 6 de UK GDPR agus – airson gach cleachdadh de dàta pearsanta de sheòrsa sònraichte – a' bhunait laghail fo Artaigil 9 de UK GDPR agus Clàr 1 de dh'Achd Dìon Dàta 2018;
- Cumaidh an SIRO Clàr Goireasan Fiosrachaidh (IAR) a' comharrachadh goireasan fiosrachaidh uile Bhòrd na Gàidhlig agus an t-Sealbhadair Goireasan Fiosrachaidh cunntachail (IAO). Tha e an urra ri IAO an SIRO a chuideachadh gus dèanamh cinnteach gun dèanar ath-sgrùdadh air gach pàirt den IAR co-dhiù gach bliadhna;
- Sanasan prìobhaideachd;
- Measaidhean Buaidh Dìon Dàta (DPIAn – faic gu h-ìosal);
- Clàran mu bhith a' freagairt Brisidhean Dàta Pearsanta (faic gu h-ìosal);
- Clàran mu bhith a' rianachd Chòirichean Cuspair Dàta (faic gu h-ìosal);
- Clàran de thrèanadh luchd-obrach agus togail mothachaidh (faic gu h-ìosal);
- Cumhachan cùmhnaint buntainneach;
- A' cumail suas agus ag ùrachadh a' phoileasaidh seo agus na poileasaidhean agus modhan-obrach

Bòrd na Gàidhlig will maintain a range of accountability and monitoring mechanisms as follows:

- Bòrd na Gàidhlig will maintain a Record of Processing Activity (ROPA) compliant with Article 30 of UK GDPR documenting all purposes for which Bòrd na Gàidhlig uses personal data, the lawful basis under Article 6 of UK GDPR and – for all uses of special category personal data – the lawful basis under Article 9 of UK GDPR and Schedule 1 of the Data Protection Act 2018;
- The SIRO will maintain an Information Asset Register (IAR) identifying all Bòrd na Gàidhlig information assets and the relevant accountable Information Asset Owner (IAO). IAOs are responsible for assisting the SIRO with ensuring all parts of the IAR are revised on at least an annual basis;
- Privacy notices;
- Data Protection Impact Assessments (DPIAs – see below);
- Records of responding to Personal Data Breaches (see below);
- Records of administering Data Subject Rights (see below);
- Records of staff training and awareness raising (see below);
- Relevant contract clauses;
- Maintaining and updating this policy and associated policies and procedures for compliance with Data Protection law.

co-cheangailte riutha airson
gèilleadh ri lagh Dìon Dàta

Tha prionnsapal na Cunntachalachd cuideachd a' toirt air Bòrd na Gàidhlig dearbhadh mar a tha e gu bhith a' cumail ri lagh dìon dàta agus tha cuid de na prìomh raointean air am mìneachadh gu h-ìosal

Laghalachd, Cothromachd agus Follaiseachd

Bidh an dàta pearsanta uile a thèid a phròiseasadh le Bòrd na Gàidhlig a' tighinn taobh a-staigh adhbharan agus bunaitean laghail a tha clàraichte san ROPA, agus bidh adhbharan ùra fo smachd pròiseas DPIA a tha air a mhìneachadh gu h-ìosal. Nì seo cinnteach gu bheil bunait laghail air a chomharrachadh agus air a chlàradh, agus gu bheil cleachdadh dàta pearsanta cothromach do chuspairean data

Cumaidh Bòrd na Gàidhlig fiosan priobhaideachd ceart agus ùraichte airson luchd-obrach, luchd-cleachdaidh sheirbheisean, agus treas phàrtaidhean eile aig a bheil dàta pearsanta a tha air a phròiseasadh le Bòrd na Gàidhlig

Cuingalachadh Adhbharan

Chan fhaod luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig dàta pearsanta air a bheil cothrom aca tron obair aca a chleachdadh ach airson adhbharan ùghdarraichte iomchaidh, agus chan fhaod iad feuchainn ri dàta pearsanta inntreigeadh no a chleachdadh nach eil buntainneach dhan dreuchd aca.

Tha na h-adhbharan dham faod Bòrd na Gàidhlig dàta pearsanta agus dàta pearsanta de sheòrsa sònraichte a bhith air a phròiseasadh air an clàradh san ROPA.

The principle of Accountability also requires Bòrd na Gàidhlig to demonstrate how it is going to comply with data protection law and some of the key areas are described below.

Lawfulness, Fairness and Transparency

All personal data that is processed by Bòrd na Gàidhlig will fall within purposes and lawful bases documented in the ROPA, and new purposes will be subject to the DPIA process described below. This will ensure that a lawful basis is identified and recorded, and that any use of personal data is fair to data subjects.

Bòrd na Gàidhlig will maintain accurate and up to date privacy notices for employees, services users, and other third parties whose personal data is processed by Bòrd na Gàidhlig.

Purpose Limitation

All Bòrd na Gàidhlig staff may only use personal data which they have access to through their role for relevant authorised purposes, and must not attempt to access or use personal data that is not relevant to their role.

The purposes for which personal data and special categories of personal data may be processed by Bòrd na Gàidhlig are documented in the ROPA.

A' Lùghdachadh Dàta

Feumaidh gach neach-obrach aig Bòrd na Gàidhlig a bhios a' cruinneachadh no a' cruthachadh dàta pearsanta dèanamh cinnteach gu bheil an dàta pearsanta a chaidh a chruinneachadh riatanach agus nach eil barrachd dàta ann na tha a dhith airson an adhbhair dhan deach a chruinneachadh. Tha IAOn cuideachd cudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh agus glèidheadh dàta pearsanta a rèir feumalachd.

Pongalachd

Thèid ceumannan reusanta a ghabhail (mar as trice air an comharrachadh tro DPIA agus an uair sin tro sgrùdadh leantainneach) gus dèanamh cinnteach gu bheil dàta pearsanta ceart agus bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' dealbhadh shiostaman gus an coltas a lùghdachadh gun tèid dàta mearachdach a chur a-steach. Ma chomharraicheas neach-obrach sam bith dàta pearsanta mearachdach, gabhaidh iad ceumannan iomchaidh gus an dàta a cheartachadh no ùrachadh.

Treibhdhreas agus Dìomhaireachd

Feumaidh Bòrd na Gàidhlig modhan teicnigeach agus modhan-obrach iomchaidh a chur an sàs sa bhuidhinn gus dìon a dhèanamh air dàta feuch nach tèid feum a dhèanamh dheth ann an dòigh mhì-laghail. Bidh gach neach-obrach a' soidhnigeadh cumha dìomhaireachd a tha mar phàirt den chùmhnant-obrach aca. Bu choir coimhead air dàta pearsanta sam bith mar fhiosrachadh dìomhair agus mar sin tha e air a riaghladh leis a' chumha seo den chùmhnant-obrach.

Tha e an urra ri neach-obrach a bhiod a' solar sheibheisean bho neach no bhuidheann eile, far am bithear a'

Data Minimisation

All Bòrd na Gàidhlig staff collecting or creating personal data must ensure that the personal data collected is necessary and not excessive for its purpose. IAOs also have a role in ensuring that the use and retention of personal data is justified.

Accuracy

Reasonable steps will be taken (usually identified through a DPIA and then ongoing auditing) to ensure the accuracy of personal data which will include designing systems to reduce the likelihood of inaccurate data being entered. All staff, on identifying inaccurate personal data, will take appropriate steps to correct or update the data.

Integrity and Confidentiality

Bòrd na Gàidhlig is required to take appropriate organisational and technical measures to protect personal data from unlawful processing. All employees sign a confidentiality clause which forms part of their contract of employment. Any personal data should be considered information of a confidential nature and is therefore governed by this clause in the employment contract.

Any employee involved in procuring services from a third party that will involve the processing of personal data originating from

làimhseachadh dàta pearsanta a thig bho BnG, dèanamh cinnteach gum bi cumha den t-seòrsa gu h-àrd sa chùmhnannt airson sheirbheisean. Tha e cuideachd an urra riutha dearbhadh a bheil gus nach eil aonta a dhìth airson a bhith làimhseachadh dàta. Nuair nach cùmhnant foirmeil ann arosn sheirbheisean, feumaidh aonta sgrìobhte a bhith ann fhathast a tha mineachadh nan uallaichean is nan dleastanasan a th' air solaraidhe na seirbheis a thaobh dàta pearsanta. Nuair a than a seirbheisean a thathar a' ceannach a' dol a thoirt atharrachadh air siostaman no modhan-obrach co-cheangailte ri dàta pearsanta, bidh measadh air a' bhuidhe air prìobhaideachd a dhìth cuideachd 's docha, mar a tha air a mhìneachadh ann an Earrainn 12.

Bòrd na Gàidhlig is responsible for ensuring a similar clause is included in the contract for services. They are also responsible for determining whether a data processing agreement is required. Where there is no formal contract in place for services, there must still be a written agreement in place that defines the roles and responsibilities of the service provider with regard to personal data. Where the services being procured involve system or procedural changes relating to personal data a data protection impact assessment may also be required, detailed at Section 12.

Feumaidh neach sam bith a bhios a' làimhseachadh dàta pearsanta a bhith air earalas gus dèanamg cinnteach nach brist iad cumha sam bith den UK GDPR. Feumaidh daoine a tha a' làimhseachadh dàta pearsanta, aig a' char as lugha, cumail ris na riaghailtean a leanas:

Anyone who is processing personal data must take every possible precaution to prevent a breach of the UK GDPR. In practice, as a minimum, those processing personal data must:

- Bu choir dhaibh dàta pearsanta a làimhseachadh dìreach airson nan adhbharan a tha e ceadaichte dhaibh a làimhseachadh agus a rèir modhan-obrach na buidhne. Ma làimhsicheas neach dàta airson adhbhar sam bith eile, dh' fhaodadh sin a bhith na dhroch bhristeadh de na riaghailtean obrach aca agus na chùis smachdachaidh:
- Bu choir dhaibh cumail ri poileasaidh far an sgioblaich iad stuthan dìomhair bhon deasg aca nuair a tha iad deiseil leotha:
- Bu choir dhaibh dèanamh cinnteach nach fhaigh daoine gun chead cothrom air an fhiosrachadh phearsanta, mar eisimpleir, daoine a bhios a' tadhal air an Oifis no luchd-cleachdaidh aig an ionad-fàilte;
- Only process personal data for the purposes for which they are authorised to do so and using corporate procedures. To process data for any other purpose may be a serious disciplinary offence;
- Operate a clear desk policy;
- Ensure personal information cannot be accessed by unauthorised people, for example, visitors to the office or customers at an information desk;

- Bu choir dhaibh cur às do phàipearan is stuthan fiosaigeach le stialladair no le bhith gan cur don sgudail dhìomhair. Bu choir sgudal dìomhair a chumail fo ghlas gus an tèid a thoirt air falbh;
- Bu choir dhaibh dìreach uidheamachd a tha fo shealbh BhnG a chleachdadh gus dàta a làimhseachadh, a' gabhail a-steach uidheamachd so-ghiùlan. Feumaidh uidheamachd a chleachdar a bhith de sheòrsa ùghdarraichte agus feumaidh e a bhith air inchrioptadh gu tur **daonnan**. Cha bu chòir dhaibh dàta pearsanta a stòradh no a làimhseachadh le uidheaman neo-chrioptaichte, agus cha bu choir dhaibh **uair sam bith** a làimhseachadh air na h-uidheaman aca fhèin, no le bhith cleachdadh post-d pearsanta no cunntas pearsanta sam bith airson a bhith a' roinn fiosrachaidh;
- Bu choir dhaibh faidhlichean pàipeir no stuthan clò-bhuailte bho choimpiutair, sam faodadh fiosrachadh pearsanta a bhith, a chumail ann an àite tèarainte mar chaibineat le glas no, ma thathar gan toirt leibh, ann am бага glaiste;
- Cha bu choir dhaibh lethbhric de sgrìobhainnean dìomhair air pàipear no an am meadhan fiosaigeach eile a ghiùlan mas urrainn dhaibh sin a sheachnadh. Cha bu chòir dàta pearsanta a thoirt do luchd-obrach, ann an cruth sam bith, airson a ghiùlan bho àite gu àite eile mura gabh e a sheachnadh agus feumaidh am fiosrachadh an uair sin a bhith ann am pacaid a tha air a dùnadh gu ceart agus tèarainte;
- Feumaidh daoine uidheaman coimpiutaireachd, a' gabhail a-steach laptops agus stoban-cuimhne, ceadaichte a chleachdadh a tha air an inchrioptadh;
- Dispose of hard copy material using a shredder or confidential waste. Confidential waste should be locked away while waiting for collection;
- Only process data on equipment that is owned by Bòrd na Gàidhlig including portable equipment. The equipment must be of an approved type and be fully encrypted **without exception**. Personal data shall not be stored or processed on unencrypted devices, and should **never** be processed on personally owned equipment, or using a personal e-mail or any other type of personal information sharing account;
- Paper files or material printed from a computer which may contain personal information must be kept secure such as in a locked filing cabinet, or if being transported, in a locked bag;
- Carrying of hard copy confidential documents should be avoided where possible. Staff should not be given personal data, in any format, to transport from one location to another unless it is unavoidable and the information is in a package that has been adequately sealed and is tamper-proof;
- Portable computing devices including laptops and flash drives must be approved and encrypted;

- Chan fhaodar **uair sam bith** dàta pearsanta, agus gu h-àraidh dàta pearsanta dìomhair, a chur ann am facs gu cuideigin. Ma dh' fheumas daoine lethbhric phàipeir, no lethbhric ann am meadhan fiosaigeach eile, a chur a dh' àiteigin, bu chòir dhaibh companaidh libhrigidh a chleachdadh gus an dàta a chumail sàbhailte fhad 's a thathar ga ghluasad. Faodar puist-d le dàta pearsanta a chur gu daoine taobh a-staigh na buidhne, ge-tà, nuair a thèid dàta pearsanta a chur gu buidheann air an taobh a-muigh, bu chòir seirbheisean puist-d inchrìoptaichte a chleachdadh daonnan. Feumar modhan-tèarainteachd iomchaidh a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gun ruig am post-d an neach gun deach a chur.
- Personal data, and in particular sensitive personal data, must **never** be faxed. If it is necessary to send hard copies between locations a courier should be used to safeguard the data while in transit. E-mails containing personal data may be sent to internal recipients, however, where personal data is to be sent to an external organisation, encrypted e-mail services should always be used. Appropriate safeguards must be implemented to ensure the e-mail reaches its intended recipient.

5.6 Cuingeachadh Stòraidh

Thèid gach pìos fiosrachaidh, a' gabhail a-steach dàta pearsanta, a ghleidheadh a rèir nan clàran-ama aig Bòrd na Gàidhlig airson a bhith gleidheadh fiosrachadh. Tha na clàran-ama seo a' gabhail ealla ris na cumhachan laghail sna Laghan Dìon Dàta nuair a tha sin freagarrach, gu h-àraidh a thaobh a' phrionnsabail co-cheangailte ri modhan-stòraidh cuibhrichte, a tha ag ràdh nach cumar dàta pearsanta ann an riochd far an urrainnear an neach ris am buin an dàta aithneachadh nas fhaide na tha an dàta a dhìth san riochd sin.

Bu chòir dèiligeadh ris a h-uile seòrsa dàta pearsanta ann an dòigh dhìomhair agus bu chòir cur às dha gu tèarainte. Cha bu chòir lethbhreac a dhèanamh de dhàta pearsanta ach nuair a tha feum dha-rìribh air sin air adhbharan dligheach, mar eisimpleir, a' dèanamh lethbhreac cùl-taice de dhàta air siostam.

Ag Atharrachadh Shìostaman

Uair sam bith a thèid atharraichean mòra a dhèanamh air modhan-obrach no

5.6 Storage Limitation

All information, including personal data, will be retained in accordance with Bòrd na Gàidhlig's retention schedules. These schedules have taken into consideration the legal requirements of Data Protection Law where appropriate, in particular the principle of storage limitation, which states that personal data shall not be kept in a form that permits identification of data subjects for any longer than is necessary.

All personal data should be treated as confidential and should be destroyed securely. Personal data should never be duplicated unless absolutely essential for legitimate reasons, for example backing up system data.

System Development

Whenever there are significant changes to procedures or systems that contain personal

siostaman sa bheil dàta pearsanta, feumar Measadh air a' Bhuidh air Dìon Dàta (DPIA) a dhèanamh mus tèid na h-atharraichean a chur an sàs feuch a bheil cunnart sam bith ann do mar a thèid dàta pearsanta a làimhseachadh. Tha e deatamach gun tèid na toraidhean sin a thoirt fa-near nuair a tha leasachadh ga dhèanamh air an siostam.

Gheibhear stiùireadh air measaidhean air a' bhuidh air prìobhaideachd sa Chòd-obrach iomchaidh, faicibh Earrainn 12.

Trèanadh

Feumaidh gach neach-obrach a bhios a' làimhseachadh dàta pearsanta trèanadh freagarrach a thaobh dìon dàta a dhèanamh.

Aig a' char as lugha, feumaidh luchd-obrach a bhios a' làimhseachadh dàta pearsanta dèanamh cinnteach gun do leugh iad am Poileasaidh airson Dìon Dàta agus gu bheil iad air an trèanadh BNG a dhèanamh.

Bidh feum aig daoine a bhios a' làimhseachadh dàta dìomhair air barrachd trèanaidh a bhios mar phàirt den trèanadh a bheir a' bhuidheann seachad nuair a ghabhas sin dèanamh.

Bho àm gu àm, thèid seiseanan trèanaidh a dh' aona-ghnothach a thoirt do dhaoine a tha stiùireadh luchd-obrach. Bu chòir geuman trèanaidh sam bith eile a thoirt gu aire Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra nuair a tha e follaiseach gu bheil iad ann.

6 A' Co-Roinn Dàta

Nuair a thathar a co-roinn dàta pearsanta sam bith, feumar cumail ri cumhachan nan Laghan Dìon Dàta. Chan fhaodar dàta pearsanta a cho-roinn ach nuair a tha feum dligheach ann an dàta a làimhseachadh san dòigh sin airson nan adhbharan a tha ainmichte. Cuideachd,

data, a DPIA must be conducted prior to implementing the planned changes to determine any potential risks to the processing of personal data. It is essential that any findings are taken into consideration in system development.

Guidance on conducting data protection impact assessments can be found in the relevant guidance, see Section 12.

Training

All staff that process personal data are required to complete appropriate data protection training.

As a minimum, staff processing personal data must ensure that they have read the Data Protection Policy, completed any relevant courses available in the learning management system, and completed Bòrd na Gàidhlig's induction.

